

**Na tha fuireach san Rìoghachd
Aonaichte a' ciallachadh dha Alba.**



HM Government

Fiosrachadh mun reifreann air neo-eisimeileachd na h-Alba.

Gheibhear an leabhran seo ann an clò mòr, cruth èisteachd agus braille.
Feuch an sgrìobh thu gu Oifis na h-Alba, 1 Melville Crescent, Dùn Èideann, EH3 7HW.



**Rìoghachd
Aonaichte.**

**Àm ri teachd
aonaichte.**

Air 18 Sultain, thèid iarraidh ort co-dhùnadh mòr a dhèanamh mun àm ri teachd aig Alba: a bhith a' fuireach san Rìoghachd Aonaichte no a fàgail agus dhol na stàite air leth - gu bràth.

Tha Riaghaltas na Bànrìghe a' creidsinn gu bheil iomadh adhbhar ann airson Alba a bhith a' fuireach san Rìoghachd Aonaichte.

Tha e an urra riutsa a thighinn gu co-dhùnadh agus bu chòir dhut an taghadh agad a dhèanamh le eòlas air a h-uile fìrinn bhuntainneach.

Tha an leabhran seo a' toirt fiosrachadh cudromach mu dheidhinn nan cùisean a bheir buaidh air Alba san àm ri teachd. Ma tha thu airson barrachd eòlais air an fhiosrachadh a gheibhear san leabhran seo, tha tuilleadh ghoireasan, fhoillseachain agus fhiosan aig gov.uk/youdecide2014

**Le bhith a' fuireach san
Rìoghachd Aonaichte, fàsaidh
na h-eaconamaidhean againn
còmhla.**





Buannachdan iomlan an nota.

Mar phàirt den Rìoghachd Aonaichte, tha aon de na h-airgeadan as sine, as làidire agus as seasmhaiche san t-saoghal aig Alba, le taic bho 31 millean neach-pàighidh cise agus neart Banca Shasainn. Cha bhiodh e comasach na h-ullachaidhean airgid a tha ann an-dràsta ath-chruthachadh thairis air dà stàit eadar-dhealaichte. Is e bhith a' fuireach san RA an aon dòigh air an not a th' againn an-diugh a chumail.

Na compàirtichean malairt as dlùithe.

Tha coltas ann gun tig piseach air eaconomaidh na Rìoghachd Aonaichte nas luaithe na thig air dùthaich sam bith eile san G7. Leis gu bheil dà thrian de às-bhathar na h-Alba a' dol a Shasainn, don Chuimrigh agus a dh' Èirinn - barrachd na an còrr den t-saoghal le chèile - chuireadh crìoch eadar-nàiseanta leis a' chòrr den RA maille air fàs aig a cheart àm 's a tha an eaconomaidh againn a' faighinn togail às ùr.

Thig a-steach.
Tha sinn
FOSGAILTE

Tuilleadh gnìomhachasan is obraichean.

Tha ceangal aig mòran mhìltean de dh' obraichean na h-Alba ri malairt leis a' chòrr den Rìoghachd Aonaichte. Mar eisimpleir, tha taic ga cumail ri 200,000 obair an Alba le bancaireachd, àrachas is ionmhas, agus tha an gnìomhachas fhèin a' meas gu bheil naoi às gach deich luchd-ceannaich a' fuireach anns a' chòrr den RA.



Le bhith a' fuireach anns an Rìoghachd Aonaichte, tha an t-airgead agad sàbhailte agus gheibh thu barrachd às.



Cunntasan nas saoire.

Tha an seasamh ionmhasail aig an Rìoghachd Aonaichte a' cuideachadh gus ìrean rèidh a chumail ìosal. Tha sin a' toirt iasadan agus morgaidsean nas saoire dhutsa agus dha do theaghlach. Agus leis gu bheil na cosgaisean an lùib tasgaidh ann an lìonraidhean lùtha is ath-nuadhachail na h-Alba air an co-roinn air feadh Bhreatainn, bhiodh cunntasan lùtha san àm ri teachd dha teaghlaichean Albannach suas ri £189* na b' ìsle sa bhliadhna nam fuiricheadh Alba san RA.



Sàbhalaidhean agus peinnseanan sàbhailte.

Le Alba a bhith mar phàirt den Rìoghachd Aonaichte, tha na sàbhalaidhean agad ann am banca no comann togail san RA air an dìon le barantas de suas ri £85,000. Agus tha Peinnseanan Stàite nas tèarainte leis gu bheil cosgaisean air an co-roinn eadar 31 millean neach-pàighidh cise air feadh na RA.

Eaconomaidh nas motha a bhios a' cur dìon oirnn uile.

Is e eaconomaidh na Rìoghachd Aonaichte an t-siathamh tè as motha san t-saoghal. Tha ar meud, ar neart agus ar n-ìomadachd còmhla a' leigeil dhuinn fàs agus soirbheachadh còmhla, agus a' cuideachadh le bhith a' dìon obraichean ann an amannan doirbhe. Ann an 2008, mar eisimpleir, chaidh againn air taic a thoirt do bhancaichean na h-Alba luach còrr is a dhà uimhir de theachd a-steach nàiseanta na h-Alba.



*Stòr: Anailis na h-Alba: Lùth, Riaghaltas na Bànrìghe, Cèitean 2014

**Le bhith a' fuireach san Rìoghachd
Aonaichte, tha e nas fhasa seirbheisean
poblach na h-Alba a mhaoineachadh.**



Cìsean nas ìsle, cosgais phoblach nas àirde.

Mar phàirt den Rìoghachd Aonaichte, tha ionmhasan na h-Alba nas làidire le cìsean nas ìsle agus cosgais phoblach nas àirde. Tha Riaghaltas na RA a' meas gu bheil luach £1,400* sa bhliadhna de bhuanachd ionmhasail fad-ùine ann do gach neach ann an Alba, le bhith a' fuireach san RA.



Barrachd taice do sheirbheisean poblach.

Mar phàirt den Rìoghachd Aonaichte, tha Alba a' faighinn buannachd bho chosgais phoblach a tha timcheall air 10% nas àirde na ìre na RA sa chumantas. Tha seo a' cuideachadh le maoinachadh de sheirbheisean poblach deatamach leithid slàinte, foghlaim is còmh-dhail.

Ionadan poblach air an co-roinn.

Tha Alba a' faighinn buannachd bho chòrr is 200 ionad agus seirbheis san Rìoghachd Aonaichte, nam measg: am BBC, an Crannchur Nàiseanta, Oifis Cead-siubhail na Bànrìghe, Comhairlean Sgrùdaidh na RA, agus an DVLA. Dh' fheumadh Alba neo-eisimeileach ionadan poblach ùra a chruthachadh, rud a bhiodh ioma-fhillte agus cosgail.



**Le bhith a fuireach anns an
Rìoghachd Aonaichte, tha guth
làidir aig Alba san t-saoghal.**



A' dìon ar daoine agus a' meudachadh ar leas.

Fad linntean tha muinntir na h-Alba air a bhith an teis-mheadhan feachdan armaichte na Rìoghachd Aonaichte, a tha gar cumail sàbhailte aig an taigh agus thall thairis. Faodaidh earbsa a bhith agad a thaobh cuideachadh bho còrr is 200 ambasaid agus consalachd air feadh an t-saoghail ma bhios tu ann an staing. Tha an RA a' cumail taic ri gnìomhachasan Albannach air feadh an t-saoghail. Tha seo a' gabhail a-steach brosnachadh soirbheachail de às-bhathar Albannach leithid uisge-bheatha.



Cuideachadh don fheadhainn as bochda san t-saoghal.

Is e an Rìoghachd Aonaichte an dàrna tabhartaike as motha san t-saoghal. Tha a' bhuidhe 's an ruigsinneachd coitcheann againn a' ciallachadh gu bheil sinn a' cuideachadh le cur às dha fìor bhochdainn, a' sàbhailadh beatha rè chàsan a' chinne-dhaonna agus a' cur gu mòr ri iomairtean sìthe eadar-nàiseanta. Mar thoradh air Mòr-ghailleann Haiyan anns na h-Eileanan Filipineach, chuidich an RA millean neach le bhith a' toirt seachad biadh, uisge, fasnachadh agus leigheas sàbhalaidd-bheatha.

Guth buadh-mhor ann an àiteachan cudromach.

Tha an Rìoghachd Aonaichte na prìomh bhall den UN agus an aon dùthaich san t-saoghal a tha cuideachd na ball de NATO, an EU, an Co-fhlaitheis, an G7, an G8 agus an G20. Mar aon de 'prìomh cheithir dùthchannan' an EU, tha an RA nas comasaiche air leas na h-Alba a dhìon ann an raointean leithid àiteachais is iasgaich.





**Le bhith a' fuireach san Rìoghachd Aonaichte,
tha Alba nas làidire.**



Teaghlach soirbheachail de dhùthchannan.

Fad còrr is 300 bliadhna, tha Alba air soirbheachadh mar phàirt den Rìoghachd Aonaichte. Còmhla ri Sasainn, ris a' Chuimrigh agus Èirinn a Tuath, tha Alba air aon de na teaghlaidhean dùthcha as soirbheachaile san t-saoghal a chruthachadh.

Pàrlamaid làidir na h-Alba.

Tha a Pàrlamaid fhèin aig Alba mu thràth a tha a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu dheidhinn ospadalan, sgoiltean, seirbheis a' phoileis agus chùisean cudromach eile. Bhon ath-bhliadhna, bidh Pàrlamaid na h-Alba a' faighinn fiù 's barrachd chumhachdan gus ìrean cìse a shuidheachadh agus co-dhùnadh am bu chòir no cuin a ghabhas i airgead air iasad.

Gheibh sinn uile buannachd bho bhith còmhla.

Còmhla, tha còrr is 60 millean neach agus faisg air 5 millean gnìomhachas ann an ceithir dùthchannan na Rìoghachd Aonaichte. Tha an comann mòr seo a' toirt seachd barrachd chothroman airson soirbheachais agus barrachd tèarainteachd ionmhais.





Tha an reifreann air 18 Sultain a' ciallachadh co-dhùnadh mòr a bheir buaidh air a h-uile rud: ciamar a bhios tu beò agus ag obair, dè an t-airgead a chleachdas tu, a' chis a phàigheas tu, na laghan ris an gèill thu agus an cead-siubhail a ghiùlaineas tu. Tha Riaghaltas na RA am beachd gu bheil mòran a bharrachd againn ri chompàirteachadh 's ri bhuannachadh ma dh'fhuiricheas sinn aonaichte.

**Is e co-dhùnadh mòr a tha seo.
Faigh tuilleadh fiosrachaidh
aig gov.uk/youdecide2014**



HM Government

Air an làimh eile, faodaidh tu fiosrachadh iarraidh le bhith a sgrìobhadh gu:
Oifis na h-Alba, 1 Melville Crescent, Dùn Èideann, EH3 7HW.

**Na tha fuireach san Rìoghachd
Aonaichte a' ciallachadh dha Alba.**



HM Government

Fiosrachadh mun reifreann air neo-eisimeileachd na h-Alba.